

OIFIGEAR CONALTRAIDH, FACLAIR NA GÀIDHLIG

COMMUNICATIONS OFFICER, FACLAIR NA GÀIDHLIG

Adhbhar na h-Obrach

Bidh ròl cudromach aig an Oifigear Conaltraidh ann a bhith a' dèiligeadh ri conaltradh air an taobh a-muigh agus for-ruigheachd Fhaclair na Gàidhlig. Bidh cothrom ann cuideachd do thagraiche aig a bheil teisteanasan no eòlas freagarrach a bhith a' dèanamh obair-raoin agus rannsachadh ann an diofar àitichean, ag obair còmhla ri eagrachaidhean Gàidhlig eile gus pròiseactan co-obrachaidh a lorg agus gus amas air goireasan ùra a rachadh a chleachdadh san fhaclair.

Prìomh dhleastanasan is Uallaichean

Conaltradh

- A' ruith agus a' sgrùdadh meadhanan-sòisealta (X agus BlueSky) is làrach-lìn Fhaclair na Gàidhlig a' dèanamh cinnteach gu bheil an t-susbaint ùr, buntainneach agus tarraingeach.
- A' cruthachadh, a' deasachadh is a' foillseachadh susbaint fhiosrachail, tharraingeach air làrach-lìn Fhaclair na Gàidhlig, air cunntasan nam meadhanan-sòisealta agus air ùrlaran didseatach eile.
- A' sgrùdadh dèanadas agus com-pàirteachadh poblach nam meadhanan-sòisealta, a' toirt cunntas agus measadh air gu cunbhalach.
- Ag obair còmhla ri sgioba Margaideachd SMO airson na prìomh theachdaireachdan a leantainn.
- A' moladh ùrlar freagarrach airson cuairt-litrichean a sgaoileadh agus cuairt-litir a chur ri chèile co-dhiù trì tursan sa bhliadhna.
- A' conaltradh ris an sgioba deasachaidh, gu sònraichte ri Ceannard Ceangal an Taoibh A-Muigh, mu shusbaint airson nam meadhanan-sòisealta, bhoglaichean agus chuairt-litrichean.

Obair-raoin, Rannsachadh agus Com-pàirteachadh Coimhearsnachd

- A' cuideachadh ann a bhith a' cur ri chèile ro-innleachd conaltraidh do dh'Fhaclair na Gàidhlig
- A' conaltradh ri eagrachaidhean Gàidhlig is eile gus cothroman com-pàirteachaidh a lorg agus goireasan a leasachadh a bheir buannachd do gach eagrachadh

Dleastanasan Eile

- A' cuideachadh nuair a tha sin a dhìth aig tachartasan poblach gus obair Fhaclair na Gàidhlig a chur air adhart.
- A' frithealadh agus a' cur ri coinneamhan mìosail an sgioba airson a' mhòr-chuid air-loidhne.
- A' cur ri chèile chunntasan do Bhòrd-stiùiridh Fhaclair na Gàidhlig.

Riatanach

- Ceum ann an Conaltradh no cuspair co-cheangailte ris.
- 2+ bhliadhna de dh'eòlas ann an ròl conaltraidh, gu sònraichte ann am foghlam àrd-ìre, san raon phoblach no neo-phrothaideach.
- Comasach air Gàidhlig na h-Alba a bhruidhinn is a sgrìobhadh.
- Sàr sgilean conaltraidh, a' gabhail a-steach sgilean sgrìobhaidh, deasachaidh, is taisbeanaidh.
- Dearbhadh air comas a bhith a' stiùireadh conaltradh air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh gu mothachail agus gu proifeiseanta, le tuigse air poileataigs fhrionasach na Gàidhlig.
- Eòlas air ùrlaran nam meadhanan-sòisealta a stiùireadh agus air susbaint dhidseatach a chruthachadh.
- Sgilean làidir eagrachaidh le comas air obair ann an sgioba agus gu neo-eisimeileach.
- Comasach air Microsoft Office a chleachdadh.

Ion-mhiannaichte

- Eòlas air obair ann an eagrachadh no ann an roinn Ghàidhlig.
- Tuigse air raointean conaltradh agus foghlam na Gàidhlig.
- Eòlas air rannsachadh agus air goireasan a leasachadh.